



Campbell 2. g. 11

*J. P. Campbell, Riddell & Dodge
May. 1877.*

RANNAN CUIMHNEACHAIN

DO

GHILLEASBUIG MAC-NA-CEARDADH,

LE

DONNACHADH MAC DHUGHAILL.

GLASCHU:

CLO-BHUALTE LE GILLEASBUIG MAC-NA-CEARDADH,
CLO-BHUALTEAR GAILIG,
62 SRAID EARRAGHAIDHEIL.

1874.



RANNAN CUIMHNEACHAIN

DO

GHILLEASBUIG MAC-NA-CEARDADH,

LE

DONNACHADH MAC DHUGHAILL.



GLASCHU:
CLO-BHUAILTE LE GHILLEASBUIG MAC-NA-CEARDADH,
CLO-BHUAILTEAR GAILIG,
62 SRAID EARRAGHAIDHEIL.

1874.



R A N N A N, & c.

AIR FONN:—*“Mort Ghlinne Comhunn,”*

Cha 'n 'eil latha d' ar saoghal,
Nach 'eil caochladh gach taobh a' teachd oirnn;
Càirdean caidireach gaolach,
A' dol dachaidh d' an caol-thigh fo 'n fhòd;
Mùirn a's macantachd aoibhinn,
Dol air theicheadh o 'n chloinn a ta beò,
'S eridhe cràiteach 'g an claidheadh,
'S àmhghar teinntidh neo-chaoimhneil 'gan leòn.

'S mòr am beud leam a' bhuile,
'Dh' fhàg gu deurach 's gu dubhach do chlann,
A thigh'nn ortsa le tuiteam,
O nach d' éirich aon duin' ach an Ceann,

'Rùnaich thusa 'na mhaitheas,
 A thoirt dachaidh gu maireanneachd bhuan,
 'S a bhi mar ghrian anns na flaitheas :
 Cùis 'ni bìdh sinn, ged 'sgaradh thu uainn.

B'e do mhiann cuing na daorsa,
 Bhi bhàrr muineil nan daor-òglach truagh ;
 'Slabhraidh ainneirt bhi sgaoilte,
 Deth gach neach a tha caoineadh fo 'n chuail ;
 'S mòr deth cheàrnaibh an t-shaoghail,
 Air an d' ràinig do shaothair le d' pheann ;
 'N aghaidh sàrachadh dhaobhach,
 'Reic 's a cheannaich dubh-dhaoine 's an clann.

Thàrmaich annad-sa geur-chuis,
 'S rogha fradhaire gu léirsinn le tùr ;
 Gun chal air inntinn no reusan,
 Daonnan feart-bheachdail, réimeil a'd' rùn ;
 Direach, dìongmhalta, stéidheil,
 'S meidh an teampuill 'na reul-sholuis iùil,
 Dhuit gu iomsgaradh 'euceart,
 O na h-eiteinnean spéiseil a b' fhiù.

Bha do leasraidh-sa crioslaicht',
 Mar dheadh ghaisgeach 'bha tric anns na blàir ;
 Le uchd-éididh nach bristeadh,
 Creideimh fìor-ghlan roimh 'n elisgeadh gach nàmh ;

Clogad slàint' o'n Chrùn sgithich
 'Liubhradh dhuit-sa le lighich' nan gràs,
 Air do cheann 'toirt dhuit misneich;
 'S claidheamh sìorruidh an Spioraid a'd' làimh.

Soisgeul sìth dhuit bu bhrògan,
 Leis gach armachd a dh'òrdaich Mac Dhé,
 'Chuir thu 'd' sheasamh gu stòlda,
 Air a' charraig nach fòirnear a stéidh;
 Cha bu mhosgain no fòlach,
 A thog thus' oirr' ach beò-chlachan nèimh :
 B'e 'n Crann-ceusaidh do bhòsd-sa,
 'S fuil na h-lobairt do lòn fad do ré.

Bha thu suilbhir a's aoidheil,
 'San cùis dùrachd cha b'aotrom do rùn,
 Cha robh stà dol ri d' aodann ;
 Bheirt' an stéidh leat o fhaoin-bheachdan tnùth.
 Ceart mar fheallsanach teòma,
 'Thoimhseadh gairbhead a's caoilead gach sùigh,
 'Sa dheanamh soilleir do chaoiche,
 Nach robh 'na bheachdan ach caochagan smùir.

Thug thu mòr-ghean do d' dhùthaich ;
 B'iomadh sgaincil, droch-bhiùthas, a's breug
 'Phill thu 'logadh nan ùghdar,
 'Bha neo-chneasda, gun bhùnnum, gun stéidh.

Naimhdean as-caoineach, cliùchdach,
 Ro neo-chinneadail, brùideil 'nam beus,
 Uailleil, atmhor 'nan rùnaibh,
 Gu 'bhi fògradh o 'n dùthaich gach treubh.

Chuir thu Goill fo na casan,
 A rinn iolach 's gach baile d' ar tìr,
 Os-cionn breugan a's masgul,
 Air nach cualas a' shamhail de spìd;
 Ach 'n uair 'fhuair thus' an glacadh,
 'S dubhain fhrith-bhacach, thaiceil 'n an giall,
 Phill thu iad, mar 'ni madraidh,
 Chum an sgeith féin a ghabhail 'na bhiadh.

Dh' fhalbh cùl-taice do 'n Ghàilig
 An là leagadh thu sàmhach fo 'n fhòd;
 'S teare do leithid a dh' fhàg thu
 Ann an còlas na cànan; 's cha bhòsd.
 Chuir thu arral fo shàradh,
 'S cha robh uail no baoth-àilghios a' d' chòir;
 'S lìonmhor sgoileir ro-làsdaile,
 D' an tug thu leasan a b' fheàird e r' a bhed.

'S mòr na ghabhadh e 'd' ghluasad,
 No na chuireadh ort gruaman no fearg;
 Ni chuireadh cuid fo dhroch-bhruaillein,
 Bhiodh e leatsa cho suail ri rud marbh.

Na 'm bu phuing i bhiodh fuaighte,
 Ri d' chogais, no ri suaimhneas do shìth,
 Cha chual' thusa do chluain-chainnt,
 Na dhùisgeadh faileas a bhuaireidh a' d' chrìdh'.

'S mòr na chaill do luchd-dùthcha;
 Bha thu dìleas le dùrachd dhoibh riamh;
 A' d' cheann-uighe 's a' d' chùl-taic',
 Mar dheadh athair 'g an stiùradh le rian.
 Bha do chaomh-bhean cho fialaidh,
 'S a tharruing anail á cliabh anns an fheadil;
 Cha bhiodh dìobarach iarraidh
 Ris nach roinneadh i biadh deas a beòil.

'S fhada beò bhios bhur cuimhne,
 Aig mòran 's aig muinntir bhur gràidh;
 'S lionmhor beannachd r'a chluinntinn,
 Tha g' ar leantuinn a dh' ionnsuidh bhur tàimh.
 Gu robh deòir-dhealt gach fèidirnein,
 Moch a's anmoch a' dòrtadh le bàigh,
 O am bàrr air bhur còmhdach,
 'S a' dearcadh crom-cheannach brònach d' 'ur n'àit'.

Suain ro-sheasgar d' 'ur cnàmhan
 Gus an dùisg sibh là bhràth às an uaigh;
 Le bhur culaidh neo-bhàsmhor,
 A thoirt còmhail a's fàilte do 'n Uan.

Cuirear pailm ann bhur làmhan,
Mar nach biodh sibh am fàsaich na truaigh',
'S bi'dh grian shìorruidh na slàinte
Dhuibh 'na beatha 's 'na h-àgh gu bith-bhuan.







